


Bìoball airson na Cloinne
A'cur fan comhair



Duine a
thàinig bho
Dhia



Sgrìobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: Byron Unger; Lazarus
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: E. Frischbutter; Sarah S.

Air eadar-theangachadh le:
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill


Dèanta le: Bible for Children
www.M1914.org

©2023 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.



Ann an teampall Dhè aon latha, bha seann shagart air an robh Sacharias, a' losgadh tùis. A-muigh, bha daoine ag ùrnaigh. Gu h-obann, thàinig crith ann an Sacharias.



Bha aingeal air tighinn thuige. "Na biodh eagal ort,"
thuirt e. "Tha mi air tighinn thugad bho Dhia. Bidh
mac aig do bhean. Is e Eòin an t-ainm a bheir thu air.

Bidh e làn den Spiorad Naomh bho
àm a bhreith. Bidh e a' toirt

mòran
dhaoine



do Dhia."



“Bruidhinn rinn, a Shachariais.” Bha iongnadh air na daoine a bha a-muigh. Cha robh fhios aca gu robh Gabriel, an t-aingeal, air cantainn gum biodh Sacharias balbh gu chòmhradh gus am biodh am bèibidh air a bhreith o chionn nach robh e a’ creidsinn an fhios a thàinig bho Dhia. Bha e a’ saoilsinn gu robh a bhean ro aosta airson clan a bhith aice.



Aig an taigh, sgrìobh Sacharias sìos a h-uile càil a bha an t-aigeal air innse dha. Bha iongnadh mòr air a bhean, Elsaid. Bha iad a-riamh air a bhith ag ùrnaigh airson leanabh. Am b' urrainn dha tachairt a-nis?





A dh'aithghearr
bha fhios aig
Elasaid gu
robh leanabh a'
tighinn. Rinn i
moladh do Dhia.
Aon latha,
thàinig a
co-ogha, Muire,
a choimhead
oirre. Bha dùil
aig Muire ri
bèibidh
cuideachd.





Nuair a ràinig
Muire, dh'fhairich
Elasaid a bèibidh
fhèin a' leum na
broinn. Chaidh a
lìonadh leis an
Spiorad Naomh.
Bha fhios aice gur e
an Tighearna Ìosa
Crìosd a bhiodh ann
am bèibidh Mhuire.
Còmhla, rinn an
dithis bhoireannach
moladh do Dhia.




Rugadh bèibidh Elsaid mar a gheall Dia. “Bu chòir dhuibh Sacharias a thoirt air, às dèidh athair,” thuirt na sagartan eile. Chuimhnich Sacharias air na thuirt Dia. “Cha dèan mi sin! 'S e Eòin an t-ainm a bhios air an leanabh.” Nuair a sgrìobh Sacharias na faclan sin, thill a ghuth thuige. Rinn e moladh do Dhia an uair sin.




Nuair a dh'fhàs Eòin bha e coltach ri Eliah, an duine mòr diadhaidh. Dh'innis Eòin do na daoine gu robh Mesiah a' tighinn gus am beannachadh. Bu lugha air ceannardan nan Iùdhach Eòin oir bhiodh e ag ràdh riutha, "Gabh aithreachas agus na bi ri peacadh tuilleadh!"
Cha robh iad airson

cluinntinn
mu an cuid
pheacaidhean.



B' e Eòin Baistidh a bh' aig daoine air oir bha e a' bogadh dhaoine ann an uisge gus sealltainn gu robh iad duilich airson am peacaidhean. Aon latha, thàinig Ìosa far an robh Eòin gus am baisteadh e e. "Tha feum agamsa a bhith air mo bhaisteadh leatsa," ars Eòin le iongnadh. Ach thuir Ìosa, "Dèan mar a dh'iarr mi." Agus bhaist Eòin Ìosa.



Às dèidh
baisteadh Ìosa,
chunnaic Eòin an
Spiorad Naomh a'
tighinn sìos air
Ìosa ann an cruth
calmain. B' e seo
comharradh Dhè.
Bha fhios aig Eòin
gur b' e Ìosa Mac
Dhè. B' e 'Uan Dhè
a bhios a' toirt air
falbh peacadh an
t-saoghail' a thug
e air Ìosa.





Thug Eòin mòran dhaoine do Dhia. Ach chuir Herod, an rìgh olc, Eòin don phrìosan. "S e peacadh a th' ann gu bheil Heròdias, bean do bhràthar, agad fhèin mar bhean," ars Eòin ri Herod. Bha fhios aig Herod gu robh sin fìor.








Bha fhios aige gur e searbhanta Dhè a bh' ann an Eòin, duine ceart, naomh. Ach cha robh e airson sgar a pheacadh. Agus cha sguireadh Eòin a' bruidhinn a-mach an aghaidh peacadh, fiù ma bha sin a' ciallachadh gum faigheadh e am prìosan.



Air a cho-latha-breith bha pàrtaidh mòr aig Herod. Rinn nighean Heròdias dannsa dha. Chòrd seo ri Herod. "Gheibh thu rud sam bith," gheall e. "Fiù dàrna leth mo rìoghachd."






"Dè dh'iarras mi?"
dh'fhaighnich an
nighean. Dh'innis
a màthair olc,
aig an robh
fuath do Eòin, dè
dh'iarradh i! Bha
e uabhasach!



“Thoir dhomh ceann Eòin
Baistidh air truinnsear,” ars
an nighean ri Herod. Bha e
duilich mu na gheall e ach bha
e ro phròiseil an gealladh a
bhriseadh. “Geàrr dheth
ceann Eòin agus thoir an
seo e,” thuir Herod.
Rinn na saighdearan
mar a
dh’iarr e.



Gu brònach,
thìodhlaic a
charaidean Eòin,
searbhant calma,
dìleas Dhè. Bha
obair Eòin do Dhia
a-nis deiseil. Is
dòcha gu robh
fhios aca gun
toireadh Ìosa
cofhurtachd
dhaibh.



Duine a thàinig bho Dhia

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bìoball, ri

Marcus 6; Lùcas 1, 3


Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130



A' Chrìoch



37



60



Tha sgeul a' Bhìobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhulang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia: Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean agus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bìoball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

